

Am Plana Gàidhlig (GLP)

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig ris a' phlana air 3 Dùbhlachd 2015.

Clàr-innse

- 03 | Mu Foghlam Alba
- 04 | Facal-toisich a' Cheannaird
- 06 | Fiosrachadh mu Foghlam Alba
- 08 | Ar Lèirsinn
- 09 | A' Suidheachadh GLP Foghlam Alba taobh a-staigh frèam-obrach nàiseanta
- 11 | Structar Plana Cànain Foghlam Alba
- 12 | Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar fhrèam-obrach airson a bhith ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig.
- 14 | Ar n-amasan ro-innleachdail mar bhun-dhleastanasan a thaobh na Gàidhlig
- 24 | A' Ghàidhlig nar seirbheis libhrigidh
- 34 | Buileachadh agus sgrùdadh
- 36 | Pàipear-taic: Fiosrachadh mun Ghàidhlig

1. Mu Foghlam Alba

1.1 Chaidh Foghlam Alba a stèidheachadh air 1 Iuchair 2011 le Rùnaire a' Chaibineit airson Ionnsachadh Fad-beatha mar phrìomh bhuidheann nàiseanta. Tha Foghlam Alba a' toirt taic do chàileachd agus leasachadh ann an Alba, agus a bhith a' lìbhrigeadh bhuilean nas fheàrr don luchd-ionnsachaidh air fad ann an Alba. Tha inbhe na buidhne mar bhuidheann-ghnìomha a' ciallachadh gu bheil e ag obair gu neo-eisimeileach agus gu cothromach, agus aig an aon àm a' fantainn cunntachail gu dìreach do Mhinistearan na h-Alba airson inbhe a chuid obrach. Tha an inbhe seo a' cur dìon air neo-eisimeileachd sgrùdaidh, lèirmheas agus iomraidh taobh a-staigh Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta. Tha Ceannard os cionn na buidhne a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba airson a rianachd, a choileanadh agus a leasachaidh san àm ri teachd. Is iad na buidhnean agus na sgiobaidhean a bha ann roimhe agus a chaidh an toirt ri chèile tro Foghlam Alba:

- HM Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim (HMle)
- Ionnsachadh agus Teagaisg (LTS)
- An Sgioba Nàiseanta airson Leasachadh Dreuchdail Leantainneach (CPD)
- Sgioba Riaghaltas na h-Alba airson Dòigh-giùlain Dheimhinnich.

B' e **HM Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim** a bha ag adhartachadh leasachaidhean seasmhach ann an inbhean, càileachd agus coileanaidhean don luchd-ionnsachaidh air fad ann am foghlam ann an Alba tro luachadh fèin-eòlach, neo-eisimeileach.

Is e **Ionnsachadh agus Teagaisg Alba** am buidheann nàiseanta le uallach airson a bhith a' dèanamh leirmheas air a' churraicealam; a' leasachadh measadh airson taic a thoirt do ionnsachadh; a' tabhann stiùireadh nàiseanta a thaobh a bhith a' cleachdadh ICT gus taic a thoirt do dh'fhoghlam; agus do chur an sàs poileasaidh agus leasachadh cur an gnìomh ann an ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd.

Bha an **Sgioba Nàiseanta CPD** a' solair taic ro-innleachdail airson leasachadh dreuchdail leantainneach agus sgrùdadh agus leasachadh dreuchdail tro fhoghlam na h-Alba air fad.

Bha **Sgioba Riaghaltas na h-Alba airson Dòigh-giùlain Dheimhinnich** a' toirt taic do sgoiltean agus do dh'ùghdarrasan ionadail modhan-obrach a thoirt a-steach agus an cur an sàs gus a bhith ag adhartachadh dhàimhean agus mhodhan-giùlain dheimhinnich.

1.2 Tha obair nam buidhnean agus nan sgiobaidhean a bha ann ron seo air leantainn air adhart tro Foghlam Alba, le barrachd co-chonaltraidh agus co-obrachaidh ùr-ghnàthach thar sgiobaidhean na buidhne. Bha Planaichean Gàidhlig a-cheana aig a dhà de na buidhnean a bha ann ron seo - HM Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim agus Ionnsachadh agus Teagaisg Alba. Bhathar a' cleachdadh an dà phlana sin on chaidh Foghlam Alba a stèidheachadh gus an tàinig Plana Gàidhlig LTS gu ceann. An uair sin bhathar a' cleachdadh Plana Gàidhlig HM Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim airson na buidhne air fad gus an deach am plana ùr seo ullachadh gu sònraichte airson Foghlam Alba.

2. Facal-toisich a' Cheannaird

2.1 Tha a bhith ag ullachadh a' chiad Phlana Gàidhlig airson Foghlam Alba a' daingneachadh ar dealais a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas gus àite na Gàidhlig ann an Alba a dhèanamh tèarainte agus a neartachadh. Tha Foghlam Alba a' cur luach air cànanan Alba air fad. Is i a' Ghàidhlig fòcas a' phlana shònraichte seo mar aithne air an tabhartas luachmhor a tha i a' toirt do dhualchas na h-Alba agus a h-inbhe mar chànan oifigeil na h-Alba a' dleasadh spèis co-ionann ris a' Bheurla. Tha am Plana Gàidhlig mar phàirt de ar Plana Corporra agus a' cuideachadh ann a bhith a' sealltainn mar as urrainn don Ghàidhlig a bhith air a fighe a-steach nar dreuchd, nar prìomhachasan agus don dòigh a tha sinn an dùil gum bi Foghlam Gàidhlig mar phàirt den bhuidheachas a bhios againn air foghlam ann an Alba. Tha am Plana Gàidhlig seo a' cur an cèill ar prìomhachasan airson na Gàidhlig co-cheangailte ris na h-amasan ro-innleachdail againn agus cuideachd na feadhainn a tha ann am **Plana Nàiseanta na Gàidhlig: Fàs agus Leasachadh, 2012-17**. Tha leasachadh Foghlam Gàidhlig an urra ri obair chom-pàirteachail eadar Riaghaltas na h-Alba, buidhnean Gàidhlig leithid Bòrd na Gàidhlig, agus buidhnean mar Ùghdarras Theisteanas na h-Alba.

2.2 Mar thoradh air a bhith a' stèidheachadh ar ciad Phlana Gàidhlig thàinig cothrom a bhith a' beachdachadh air an iomadh soirbheachas a bha an cois Foghlam Gàidhlig. Thar nam bliadhnan, tha sinn moiteil gun robh sinn a' comharrachadh dealas làidir a thaobh leasachadh agus ùr-ghnàthachadh ro-innleachdail airson cànan, cultar agus foghlam Gàidhlig. Tha ar dealas air a chumail suas agus air a neartachadh ri linn a bhith a' stèidheachadh Foghlam Alba. Tha am Plana Gàidhlig seo a' comharrachadh na dòigh anns an lean sinn oirnn a' cur ri tuilleadh leasachaidh de dh'fhoghlam Gàidhlig.

2.3 Ann a bhith a' coileanadh ar n-amasan ro-innleachdail, tha na gnìomhan coitcheann anns a bheil sinn an sàs gu buannachd dhìreach airson Foghlam Gàidhlig. An cois seo, tha am fòcas bunaiteach a tha sinn a' cur air a' Ghàidhlig, a' gabhail cunntas de

- **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME)**
- **Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE)**, agus
- adhartachadh **Ionnsachadh mu Chultar agus Cànan na Gàidhlig (LAGC)** mar phàirt de dhearbh-aithne na h-Alba.

Tro sgrùdadh agus lèirmheas thar nan roinnean air fad de Fhoghlam Gàidhlig, tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air leantainn orra a' toirt barantas a thaobh càileachd agus inbhean. Bidh sinn a' togail comas tro chonaltradh phroifeiseanta agus a' co-roinn modh-obrach èifeachdach le luchd-cleachdaidh; agus a' cruinneachadh fianais a bhios a' cur ris a' chomhairle a bhios sinn a' toirt do Mhinistearan. Tha sinn a' toirt prìomhachas do Neach-sgrùdaidh a bhith againn le ealantas ann am Foghlam Gàidhlig no Measadair Luchd-sgrùdaidh airson gach **sgrùdadh agus lèirmheas** de stèidheachdan le solar tro Mheadhan na Gàidhlig. Chaidh clach-mhìle chudromach a thaobh ar miannan ann am Foghlam Gàidhlig a choileanadh san fhoillseachadh, '[Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#)'. Tha a' Chomhairle seo ag aithneachadh an fhìor dheagh adhartais a thathar a' dèanamh ann an solar Foghlam Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd. Tha fianais againn gu bheil buaidh air a bhith aig a' Chomhairle seo, an uair a thathar ga chleachdadh airson fèin-mheasadh, ann a bhith a' toirt taic don fheadhainn a tha an sàs ann a bhith a' leasachadh Foghlam Gàidhlig. Tha e a' cur an cèill na dh'fheumas tachairt a thaobh planadh àrd-amasach gus a dhèanamh comasach don Ghàidhlig na sochraean a tha an lùib a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a mheudachadh.

2.4 Tha ar dreuchd ann a bhith a' stiùireadh cur an sàs a' **Churraicealam airson Sàr-mhathais** a' tabhairt cothroman inntinneach airson na Gàidhlig. Tha luchd-obrach thar Foghlam Alba air

taic phroifeiseanta a thoirt airson planadh a' churraicealaim aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile agus air gabhail os làimh tòrr mòr obair leasachaidh gus taic a thoirt don phrògram. Tha ar n-obair ann a bhith a' toirt air adhart a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic don ìre as sine de Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig, cho math ri eadar-theangachadh de stuthan airson a bhith a' furastachadh ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an comas aig an aithisg, **Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2** airson a bhith a' meudachadh nan àireamhan a tha a' faighinn buannachd bhon dà chuid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha sinn air comhairle ullachadh mun Mhodh-obrach 1+2 gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan foghlaim ann a bhith a' làn-mheudachadh a' mhodh-obrach seo a thaobh na Gàidhlig. Tha an obair a thaobh '**Eòlas na h-Alba**' agus '**A' Sgrùdadh Alba**' a' fosgladh suas chothroman airson ionnsachadh na Gàidhlig agus a thaobh a bhith ag ionnsachadh mun Ghàidhlig anns a h-uile sgoil ann an Alba. Tha sinn a' stiùireadh agus a' toirt taic do bhith a' cur an sàs **Teagasg an Alba san Àm ri Teachd**. Tha luchd-obrach Foghlam Alba air a bhith gnìomhach ann a bhith a' cur ri leasachadh a h-uile ìre de dh'oidreachadh thidsearan. Tha sinn air comhairle shoilleir a ghabhail a-steach mu phrògraman foghlam thidsearan airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns an **Sgrùdadh Taobhan de dh'Ullachaidhean an Ùghdarras Foghlaim agus Com-pàirteachais Oilthigh ITE (ìre a h-aon)**. Bidh sinn ag obair gu for-ghnìomhach le Bòrd na Gàidhlig airson tùs-thrèanadh thidsear, cho math ri bhith a' togail comais airson ceannardas ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha ar n-obair com-pàirteachais leis an Acadamaidh Iomairt Sòisealta air cothrom a thoirt do thidsearan air **Duais bhon Institiud airson Ceannardas agus Rianachd** gus an dreuchd mar cheannardan ionnsachaidh a dhèanamh nas tèarainte.

2.5 Tha sinn moiteil às na choilean na buidhnean a bha ann romhainn agus na tha Foghlam Alba air a choileanadh a thaobh na Gàidhlig. Tha sinn àrd-amasach agus a' miannachadh mòran a choileanadh às leth na Gàidhlig. Tha ar luchd-obrach aig a bheil uallachaidhean air an comharrachadh a thaobh Foghlam Gàidhlig ag obair gu dìcheallach gus builean deimhinneach a choileanadh airson na Gàidhlig. Nar n-aithisg [Foghlam Gàidhlig: A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean](#) thuirt sinn '**Tha an comas aig a' Ghàidhlig a bhith na mhodail eadar-nàiseanta den mhodh-obrach as fheàrr**'. Am-bliadhna rinn Prìomh Oifigear HMI, an t-Iar-Stiùiriche agus an Stiùiriche Ro-innleachdail le dleastanasan airson Foghlam Gàidhlig taisbeanadh aig co-labhairt air leth soirbheachail gus na prìomh theachdaireachdan bho '[Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#)' a cho-roinn. Bha ar com-pàirtichean for-ghnìomhach ann a bhith a' toirt taic dhuinn a' coileanadh an amais seo. Tha Foghlam Alba a-nis a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ribh mar ar com-pàirtichean a thaobh a bhith àrd-mhiannach ann a bhith a' daingneachadh '[Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#)' leis an amas gum biodh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 'na mhodail eadar-nàiseanta den mhodh-obrach as fheàrr ann a bhith ag adhartachadh mion-chànan'.

3. Fiosrachadh mu Foghlam Alba

3.1 Tha Foghlam Alba ag obair thar an làn raoin den t-solar Ghàidhlig ann an Alba, an dà chuid tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla, le clann agus inbhich: ionadan tràth-ionnsachaidh, a h-uile seòrsa sgoil a' gabhail a-steach sgoiltean prìobhaideach, na colaistean air fad, ionnsachadh coimhearsnachd, buidhnean saor-thoileach agus prìosain. On chaidh a stèidheachadh san Iuchair 2011, tha Foghlam Alba air a bhith gu mòr aig cridhe foghlam ann an Alba. Ag obair ann an com-pàirteachas le ar prìomh chom-pàirtichean, tha sinn gu daingeann airson gun dèan sinn am feum as motha de na stòrasan air fad a tha rim faotainn gus càileachd an fhoghlaim a leasachadh don luchd-ionnsachaidh air fad ann an Alba. Le bhith nar buidheann-gnìomha tha sin a' ciallachadh gu bheil ceanglaichean dlùth agus dìreach againn le Ministearan agus na roinnean poileasaidh ann an Riaghaltas na h-Alba a bhios a' toirt comhairle dhaibh. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn an fhianais agus an anailis a tha sinn a' tabhann a bhith air am biathadh a-steach dhan phròiseas stèidheachadh poileasaidh.

3.2 Is e sgilean agus ealantas ar luchd-obrach ar prìomh stòras. Tha na daoine againn a' tarraing ri chèile measgachadh beairteach de dhreuchdan agus de dh'eòlasan, a' gabhail a-steach Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, speisealaichean leasachadh curraicealaim, oifigearan leasachaidh, speisealaichean seirbheisean corporra, luchd-anailis, agus eòlaichean ann an rannsachadh, fiosrachadh, conaltradh, teicneòlas agus raointean eile. Bidh measgachadh againn de luchd-obrach làn-ùine agus luchd-obrach a bhios a' tighinn nar cuideachd airson greisean fo-fhastaidh làn- no pàirt-ùine. Tha am measgachadh seo a' ciallachadh gun urrainn dhuinn fìor ealantas nàiseanta a cheangal ri dòighean smaoineachaidh ùraichte agus modhan-obrach a tha a' riochdachadh an cleachdadh foghlaim as fheàrr ann an sgoiltean, colaistean agus co-theacsan libhrigeadh foghlaim eile. Tha uallach dìreach pàirt-ùine a thaobh ceannardais ro-innleachdail airson na Gàidhlig aig Iar- Stiùiriche, agus Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam a tha cuideachd mar Phrìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig. Tha sinn cuideachd air Oifigear Stiùiridh Foghlaim làn-ùine airson na Gàidhlig a shuidheachadh gu bhith mar phàirt den sgioba sin a bhios gu sònraichte a' stiùireadh leasachaidhean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Feumar fileantas sa Ghàidhlig airson an dà dhreuchd a chaidh ainmeachadh mu dheireadh.

3.3 Gus ar misean airson Foghlam ann an Alba a choileanadh, a' gabhail a-steach Foghlam Gàidhlig, bidh sinn a' tarraing air grunnan neartan brìgheil mar thoradh air ar dreuchd agus ar suidheachadh san t-siostam agus na stòrasan, a' gabhail a-steach ealantas an luchd-obrach, air a bheil cothrom againn.

- **Ar ruigse nàiseanta agus tar-roinne** – Is urrainn dhuinn seirbheis a thabhann de chomhairle, taic agus luachadh air foghlam. Tha seo stèidhichte air dol an sàs susbainteach thairis air gach ceàrnaidh den dùthaich, leis an fharsaingeachd airson coimeas nàiseanta, brosnachadh agus tar-thorachadh a tha a' tabhann, agus a tha a' dol thar an raoin aoisean gu lèir bho 3-18 agus air adhart gu ionnsachadh inbheach.
- **Ar neo-chlaonachd earbsach** – Mar thoradh air ar neo-eisimeileachd bho luchd-solair foghlaim, agus na h-ullachaidhean riaghlachais làidir a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil ar breithneachaidhean sgrùdaidh saor bho bhuaidh mì-ìomchaidh on taobh a-muigh de sheòrsa sam bith. Is urrainn dhuinn luachaidhean làn-earbsach a thabhann de chleachdadh foghlaim agus a bhuaidh.
- **Ar cothrom air eòlas agus ealantas** – Ged nach eil lèir-shealbhachd againn air, tha cothrom dìreach againn, tro ar luchd-obrach agus ar luchd-com-pàirt a tha ag obair còmhla rinn, air dùmhachd mhòr de chuid den luchd-cleachdaidh agus eòlas cleachdaidh ann an Alba. Tha an comas againn cuideachd, a tha sinn airson a leasachadh nas motha, gus a bhith mar cho-ionad eòlais a' tarraing ri chèile eòlas bho

rannsachadh, bho ar gnìomhan luachaidh fhìn agus bho gnìomhan, mar stòras don luchd-foghlaim air fad ann an Alba.

- **Ar ceangal ri poileasaidh nàiseanta** – Tha seo a’ tarraing air na neartan gu h-àrd. Tha bun-fhianais air leth againn airson a chleachdadh nar dreuchd a thaobh a bhith a’ tabhann comhairle, stiùireadh agus taic do Mhinistearan na h-Alba agus na h-oifigearan aca an uair a bhios iad a’ sgrùdadh, a’ leasachadh agus a’ toirt air adhart poileasaidh ùr. Tha càirdeasan-obrach làidir againn le co-obraichean poileasaidh air stèidh leantainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil sin a’ tachairt gu h-èifeachdach.

Tha sinn dhen bheachd, le bhith a’ gabhail nan nithean sin còmhla, gu bheil na feartan làidir sin a’ soilleireachadh an tabhartais air leth as urrainn do Foghlam Alba a dhèanamh an uair a bhios sinn a’ cur an cèill ar planaichean corporra agus Gàidhlig. Ach tha ar soirbheachas an urra ri bhith a’ cur ar tabhartais ri chèile gu h-èifeachdach leis na tabhartasan a tha a’ tighinn bho ar com-pàirtichean air fad, le fòcas aca le chèile air a bhith a’ leasachadh Foghlam Gàidhlig.

3.4 Gus taic a thoirt do sgrùdadh agus lèirmheas air an t-solair Ghàidhlig 3-18, tha Measadairean Luchd-sgrùdaidh againn a tha nan ceannardan-sgoile, iar-cheannardan-sgoile no a tha ag obair taobh a-staigh ùghdarrasan ionadail. Tha Measadairean Luchd-sgrùdaidh nan làn bhuill de sgiobaidhean sgrùdaidh air bhun-stèidh corra-uair. Airson na dreuchd seo, bidh iad air an trèanadh gu dian agus mar thoradh air sin bu chòir dha a bhith comasach dhaibh, comas airson Foghlam Gàidhlig a thogail sna sgoiltean agus sna h-ùghdarrasan ionadail aca fhèin. Tha greisean fo-fhastaidh agus cùmhnant airson oifigearan a’ cuideachadh ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil sinn a’ coileanadh prìomh dhreuchd ann a bhith a’ toirt taic le ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd do phroifeiseantaich foghlam na Gàidhlig thar Alba. Ann a bhith a’ dèanamh seo, tha sinn ag aithneachadh gu bheil sinn a’ toirt taic don phrìomhachas làithreach a bhith a’ solar dhreuchdan ceannardais don fheadhainn a tha gu dìreach an sàs ann am Foghlam Gàidhlig.

4. Ar Lèirsinn

Ag atharrachadh beatha tro ionnsachadh

Transforming lives through learning

Tha ar miann agus ar lèirsinn airson foghlam ann an Alba air a gheàrr-mhìneachadh mar seo.

Thèid luchd-ionnsachaidh na h-Alba air adhart ann an aon de na siostaman foghlaim as èifeachdaich san t-saoghal, a tha ainmeil airson an comas a tha aig com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail obrachadh gu sùbailte còmhla gus builean de dh'àrd-chàileachd agus cothromach a choileanadh do na h-uile.

Tha ar miann agus ar lèirsinn a' gabhail a-steach grunnan phrìomh mheudachdan:

'luchd-ionnsachaidh na h-Alba...'

- **fòcas air an neach-ionnsachaidh**

Tha ar n-aithris-rùin a' suidheachadh àrd-ìre de mhiann agus a' cur an neach-ionnsachaidh aig teis-mheadhan a h-uile càil a tha sinn a' dèanamh.

'aon de na siostaman foghlaim as èifeachdaich san t-saoghal, a tha ainmeil...'

- **sealladh saoghalta – miann nàiseanta agus eadar-nàiseanta**

Is e ar lèirsinn gum bi aithne aig foghlam ann an Alba air feadh an t-saoghail airson a shoirbheas agus aithnichte mar aon de na siostaman foghlaim as fheàrr san t-saoghal. Is e ar miann airson Foghlam Gàidhlig mar a tha sin air a mhìneachadh nar '[Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#)' agus an aithisg '[A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean](#)' anns an tuirt sinn gu bheil '**comas aig a' Ghàidhlig a bhith mar mhodail eadar-nàiseanta den chleachdadh as fheàrr**'.

'...builean de dh'àrd-chàileachd agus cothromach a choileanadh do na h-uile'

- **fòcas air builean nas fheàrr agus nas cothromaich do luchd-ionnsachaidh**

Tha fòcas làidir aig ar lèirsinn air a bhith a' leasachadh builean agus a bhith a' dèanamh seo ann an dòighean a tha a' sireadh cur-às dhan neo-ionannas a tha ann an-dràsta am measg luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean eadar-dhealaichte agus bho bhuidhnean so-leònte sònraichte.

'...ainmeil airson an comas a tha aig com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail obrachadh gu sùbailte còmhla...'

- **ag obair ann an com-pàirteachas**

Tha ar lèirsinn a' comharrachadh ar dealais a thaobh a bhith a' coileanadh prìomh dhreuchd ann a bhith ag adhartachadh obair com-pàirteachais làidir eadar na prìomh chom-pàirtichean a tha a' toirt taic agus a' libhrigeadh foghlam ann an Alba, agus ag adhartachadh lèirsinn agus miann nach eil dìreach air ar son fhìn ach a tha air a cho-roinn gu mòr le ar com-pàirtichean agus le luchd-cleachdaidh seirbheisean foghlaim.

5. A' Suidheachadh GLP Foghlam Alba taobh a-staigh frèam-obrach nàiseanta

5.1 Tha Foghlam Alba ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas na h-Alba, de a dearbh-aithne agus a beatha chultarail san là an-diugh. Adhartaichidh sinn seo tron churraicealam agus ionnsachadh proifeiseanta mar phàirt de dhearbh-aithne na h-Alba. Tha sinn ag aithneachadh seo san dòigh anns a bheil sinn a' mìneachadh Foghlam Gàidhlig. Tha feum air a bhith a' dèanamh cinnteach à leasachadh seasmhach agus àrd-amasach airson na Gàidhlig. Tha sinn dealasach mu bhith ag obair le luchd-ùidh agus com-pàirtichean gu an t-amas seo a choileanadh. Nar n-obair, bidh Foghlam Alba ag amas air a bhith:

- ***a' meudachadh inbhe na Gàidhlig;***
- ***ag adhartachadh seilbh agus ionnsachadh na Gàidhlig; agus***
- ***a' brosnachadh meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.***

5.2 Tha Foghlam Alba ag aithneachadh gum bi na diofar raointean a tha a' faighinn prìomhachas ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air an cur an cèill gu ìre mhòr tro ar Plana Gàidhlig ach gum bi cothroman ann a bhith ag adhartachadh agus a' leasachadh a' chànain tro cheuman poileasaidh a tha ann a-cheana. Nì Foghlam Alba sgrùdadh air na dleastanasan poileasaidh a tha ann aig an àm a tha an làthair gus raointean a chomharrachadh far an urrainn a' Ghàidhlig a bhith air a gabhail a-steach gu for-ghnìomhach agus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhith air an tòiseachadh tro mhodhan a bharrachd. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo mar a bhith a rèir a' phrionnsabail àbhaisteachaidh a tha ag amas air a bhith a' gabhail na Gàidhlig a-steach mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba. Ann a bhith a' stèidheachadh, ag ùrachadh agus a' cumail sùil air poileasaidhean, nì Foghlam Alba cinnteach gum bi a' bhuidhe air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

5.3 Is e aon de na prìomh fheartan de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 an dleastanas a chuireadh air Bòrd na Gàidhlig gu Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh. Is e an t-adhbhar airson a bhith a' leasachadh Plana Nàiseanta a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sealladh farsaing agus air a dheagh thuigsinn ann de na gnìomhan a dh'fheumar gus dèanamh cinnteach gum bi àm ri teachd seasmhach aig a' Ghàidhlig, agus mu na buidhnean a bu chòir na gnìomhan sin a choileanadh. Is e ceann-uidhe deireannach a' Phlana Nàiseanta a bhith a' dèanamh seasmhach agus an uair sin a' fàs, àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' sònrachadh ceithir taobhan eadar-cheangailte de leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus anns gach fear dhiubh thathar a' cur an cèill grunnan raointean leasachaidh. Mar a tha freagarrach a thaobh ar raon-dleastanas, bheir Foghlam Alba taic agus adhartachadh e gnìomhan mar a bhios iomchaidh a thaobh togail, cleachdadh, inbhe agus corpas na Gàidhlig.

5.4 Tha Plana Gàidhlig Foghlam Alba air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air a stèidheachadh nar Plana Corporra. Tha e a' cur an cèill na dòigh anns an cleachd sinn a' Ghàidhlig ann a bhith a' coileanadh ar gnothachais, mar a nì sinn e comasach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an uair a bhios sinn a' dèiligeadh ri ar luchd-ùidh agus ar com-pàirtichean, agus mar a dh'adhartaicheas sinn leasachadh na Gàidhlig. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil leasachadh Phlanaichean Gàidhlig le buidhnean poblach mar Foghlam Alba na phrìomh cho-phàirt de dh'Achd 2005. Tha sinn ag aithneachadh gun cuidich ar Plana Gàidhlig le bhith a' foirmealachadh agus a bhith a' cur an cèill do ar luchd-obrach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh am poileasaidh a tha againn a thaobh a bhith a' leasachadh na Gàidhlig, agus de na seirbheisean Gàidhlig a dh'fhaodas iad a bhith a' sùileachadh bhuiainn.

5.5 Tha Foghlam Alba ag amas air a bhith a' togail barrachd air na com-pàirteachasan a tha aca an-dràsta gus taic a thoirt do dh'obair ar Plana Gàidhlig. Tha obair ann an com-pàirteachas aig teis-mheadhan a bhith a' coileanadh grunnan phrìomh shochair, a' gabhail a-steach barrachd thargaideachadh de stòrasan, barrachd co-leanailteas agus dèiligeadh ris an nì a tha an aithisg againn¹ air Foghlam Gàidhlig ag ainmeachadh mar 'bacaidhean' a thaobh Foghlam Gàidhlig. Gus cuideachadh a bhith a' coileanadh ar n-amasan nar Plana Gàidhlig, tha sinn a' toirt cuireadh airson co-obrachadh tarbhach bho chom-pàirtichean mar Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Coitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS), Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Bòrd na Gàidhlig, Stòrlann, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail.

5.6 Chaidh Plana Gàidhlig Foghlam Alba ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail a tha air an cur an cèill ann an Achd 2005, agus le urram do na raointean leasachaidh a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus san Stiùireadh a thaobh Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Is e Buidheann de Riaghaltas na h-Alba a tha ann am Foghlam Alba. Mar sin, tha plana Foghlam Alba a' co-lànachadh Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba.

¹ Foghlam Gàidhlig: [A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean](#) Foghlam Alba An t-Ògmhios 2011

6. Structar Plana Cànanain Foghlam Alba

Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' tabhann cùl-fhiosrachadh mu Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a prìomh fheartan. Tha for-shealladh air a thoirt de na prìomh ullachaidhean reachdail co-cheangailte ri bhith cruthachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005. Tha for-shealladh goirid de structar Foghlam Alba agus a phrìomh raointean obrachaidh air an tabhann cuideachd.

Ar n-amasan ro-innleachdail mar bhun-dhleastanasan a thaobh Foghlam Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' leasachadh agus a' toirt taic don Ghàidhlig nar bun-ghnothachas.

Dleastanasan Lìbhrigidh Bun-sheirbheis

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios Foghlam Alba a' cleachdadh, agus a' furastachadh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ris na prìomh dhleastanasan gnothachais aige.

Poileasaidh/Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios Foghlam Alba a' cuideachadh ann a bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an cèill.

Buileachadh, Sgrùdadh agus Lèirmheas

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios buileachadh ar Plana Gàidhlig air a thoirt air adhart, mar a bhios buileachadh air a sgrùdadh, agus mar a bhios leasanan bhon sgrùdadh air an cleachdadh ann an lèirmheasan gus cur ri leasachaidhean.

7. Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar fhrèam-obrach airson a bhith ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig.

7.1 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

7.1.1 Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a ghabhail a-steach mar reachdas le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gun deigheadh cànan na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba le spèis co-ionann ris a' Bheurla. Is e aon de phrìomh fheartan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 an t-ullachadh a tha a' toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba) iarraidh air ùghdarrasan poblach, leithid Foghlam Alba, Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun gabhadh an earrann phoblach ann an Alba a phàirt ann a bhith a' cruthachadh àm ri teachd seasmhach airson na Gàidhlig le bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a bhith ga cleachdadh.

7.2 An riatanas a thaobh a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig

7.2.1 Chaidh an riatanas airson Foghlam Alba a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig a chur air chois le Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cur a-mach fios foirmeil mun seo fo earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh brath a chur gu Foghlam Alba sa Mhàrt 2012 agus chaidh iarraidh orra dreach Plana Cànan a chur a-steach mun Mhàrt 2013. Ann a bhith a' conaltradh mun cheann-là seo, bha aithne ann gum feumadh na h-ullachaidhean a thaobh a bhith a' cruthachadh Foghlam Alba a bhith aig ìre a bhiodh adhartach gu leòr gus a dhèanamh comasach Plana Gàidhlig a sgrìobhadh. An uair sin chaidh a thighinn chun a' cho-dhùnaidh gur e an roghainn a b' fheàrr aonta a chur ri sìneadh chun na Sultaine 2013. Chaidh am Plana Gàidhlig a chaidh ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam a chleachdadh mar phlana san fharsaingeachd gus an deigheadh am plana ùr seo a chruthachadh gu sònraichte airson Foghlam Alba.

7.3 Prìomh bheachdachaidhean ann a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig

7.3.1 Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur an cèill grunnan shlatan-tomhais sònraichte a dh'fheumas a bhith air an gabhail a-steach le buidhnean a bhios ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha cunntas air a thoirt orra sin gu h-ìosal agus tha iad air an dealbh gus dèanamh cinnteach gum bi Planaichean Gàidhlig a thèid ullachadh ioma-chuimseach, co-chòrdail agus iomchaidh do shuidheachaidhean sònraichte na buidhne a bha ga ullachadh.

Slatan-tomhais	Feallsanachd
(i) an ìre gu bheil na daoine air a bheil obair an ùghdarras a' bualadh, a' cleachdadh na Gàidhlig agus an comas a thaobh a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri bhith a' coileanadh nan dleastanasan sin.	Tha am breithneachadh seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na Planaichean Gàidhlig a tha air an ullachadh le buidhnean poblach a' gabhail a-steach an dà chuid an àireamh de luchd-labhairt a tha a-cheana san raon-obrach aca, agus an comas leasachadh a dhèanamh air cleachdadh a' chànan. San fharsaingeachd, thathar a' sùileachadh gun ullaich buidhnean poblach aig a bheil àireamh bhrìgheil de luchd-labhairt na Gàidhlig san raon-obrach aca Planaichean Gàidhlig nas làidir.
(ii) stiùireadh reachdail mu ullachadh Phlanaichean Gàidhlig foillsichte le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh reachdail fhoillseachadh fo earrann 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha a' toirt comhairle mun dòigh anns am bu chòir do Phlanaichean Gàidhlig a bhith air an structaradh agus an t-susbaint a bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach beachdachadh a chur dha na planaichean aca.

<p>(iii) Plana Nàiseanta na Gàidhlig</p>	<p>Is e sgrìobhainn reachdail a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air ullachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 2 de Achd 2005. Tha am Plana Nàiseanta a' tabhann sealladh farsaing de fheumalachdan leasachaidh Gàidhlig, a' gabhail a-steach togail cànan, cleachdadh cànan, inbhe cànan agus cùisean corpas cànan. The e a' stèidheachadh phrìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig, agus a' sònrachadh bhuidhnean as urrainn cur ri bhith gan coileanadh.</p>
<p>(iv) riochdachaidhean sam bith a thèid a dhèanamh chun na buidhne phoblaich a tha ag ullachadh a plana, mun dòigh sam bi i a' cleachdadh na Gàidhlig</p>	<p>Tha an solar seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gum bi ùghdarrasan poblach a' gabhail sùim de bheachdan fheadhainn le ùidh sa chùis an uair a bhios iad ag ullachadh am Planaichean Gàidhlig. B' e co-chomhairleachadh poblach am prìomh mhodh a chleachd Foghlam Alba airson a bhith a' sireadh nam beachdan sin.</p>
<p>(v) prionnsabal spèis co-ionann</p>	<p>Tha stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig ag ràdh nach eil a bhith a' toirt spèis co-ionann dhan Ghàidhlig a' ciallachadh anns a' bhad gum bi a' Ghàidhlig agus a' Bheurla air an dèiligeadh riutha san aon dòigh, no gum feumar solar sònraichte de Ghàidhlig a dhèanamh comasach anns na suidheachaidhean air fad. An àite sin, 's ann a tha e a' misneachadh ùghdarrasan poblach a bhith ag amas, ge bith dè an suidheachadh cànan sa bheil iad, a bhith taiceil agus fialaidh do leasachadh na Gàidhlig agus am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri bhith a' furastachadh cleachdadh na Gàidhlig chun na h-ìre as motha a tha iomchaidh a rèir an suidheachaidhean fa leth.</p>

8. Ar n-amasan ro-innleachdail mar bhun-dhleastanasan a thaobh na Gàidhlig

8.1.1 Tha Foghlam Alba dealasach mu bhith ag adhartachadh inbhean àrda agus a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr mar phàirt de bhun-ghnothachais. Tha am pàirt seo de ar Plana Gàidhlig a' cur an cèill dealas Foghlam Alba a thaobh leasachadh na Gàidhlig mar phàirt de ar n-amasan ro-innleachdail. Tha iad sin nan suidhe taobh a-staigh nan targaidean a tha air an cur an cèill nar Plana Corporra 2013-2017 bhom faigh Foghlam Alba buannachd cuideachd. Is e adhbhar na dòigh-obrach seo tuigse nas fheàrr a ghintinn de dhreuchd Foghlam Alba airson leasachadh ro-innleachdail de Fhoghlam Gàidhlig. Feumaidh ar com-pàirtichean cuideachd a bhith dealasach mu bhith ag obair gu com-pàirteachail agus gu tarbhach còmhla rinn gus suidheachadh de dh'adhartas a chruthachadh airson Foghlam Gàidhlig. A thaobh nan dleastanasan air fad a leanas de sheirbheisean agus stòrasan dà-chànanach comharraichidh sinn spèis co-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla agus nì sinn tairgse gnìomhach.

Amas Ro-innleachdail 1: Leasaich curraicealam cho math 's a tha air an t-saoghal don luchd-ionnsachaidh air fad ann an Alba

Buil air a mholadh

Leantainn air adhart a' leasachadh curraicealam airson luchd-ionnsachaidh air fad ann am Foghlam Gàidhlig.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach

Airson na ro-innleachd seo tha sinn air a bhith a' gabhail a-steach a' churraicealaim air fad, ionnsachadh, teagasg agus taic thar nan co-theacsan air fad anns a bheil Foghlam Alba ag obair, a' gabhail a-steach stèidheachaidhean foghlaim, coimhearsnachdan, le com-pàirtichean, le luchd-ionnsachaidh bho thràth-bhliadhnaichean troimhe gu ionnsachadh fad-beatha, agus am pàrantan/luchd-cùraim. Tha an ro-innleachd seo a' sireadh a bhith a' leasachadh beatha ar saoranaich air fad le bhith a' gabhail a-steach a h-uile neach aig a bheil ùidh ann an curraicealaim cho math 's a gheibhear air an t-saoghal a bhith an sàs ann a bhith ga stèidheachadh. Tha ar ro-innleachd a' sireadh a bhith ag àrdachadh coileanaidh agus a bhith a' leasachadh chothroman beatha nan uile, agus, ann a bhith a' dèanamh seo, a bhith a' togail misneachd agus earbsa ann an curraicealam nuadh, beòthail agus sìor-bhuntainneach. Tha fòcas làidir aig an ro-innleachd againn air a bhith ag àrdachadh agus a' sireadh co-thaobhadh thar òrdughan poileasaidh nàiseanta, a' gabhail a-steach dleastanasan Riaghaltas na h-Alba mu cho-ionannachd san earrainn phoblaich agus a' bhuil co-ionannachd ann am foghlam a tha co-cheangailte ris, agus air a bheil iad air an stèidheachadh. Tha sinn a' strì ri bhith a' togail agus a' toirt taic do shiostam ionnsachaidh anns am bi dol an sàs làidir coitcheann de sgioba luchd-obrach proifeiseanta a' cruthachadh *cearcall treibhdhireach de leasachadh*. Tha luchd-ionnsachaidh aig teis-mheadhan an t-siostam ionnsachaidh seo agus an urra ri sgioba luchd-obrach de dh'àrd-chàileachd gus an obraich e. Tha fòcas sònraichte air a bhith againn air a' Mhodh-obrach 1+2 Cànan, an ìre as sine, '[Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#)' agus measadh.

Gnìomhan riatanach

Leantainn air adhart gus stiùir ro-innleachdach a thoirt do leasachadh a' churraicealaim airson Foghlam Luchd-ionnsachadh na Gàidhlig (GLE), Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) agus Ionnsachadh mu Chultar agus Cànan na Gàidhlig (LAGC) gus gabhail a-steach:

- fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig sa churraicealam agus earrannan iomchaidh eile de ar seirbheisean air-loidhne
- a' toirt taic do sgoiltean ann a bhith ag ullachadh curraicealam GME ceithir co-theacsa, gu h-àraidh aig ìrean na h-àrd-sgoile, a tha a' tabhann co-leantaileachd agus slighe air

adhart fhad 's a bhios sgoiltean a' feitheamh airson fuasglaidhean eile a thaobh gainnead luchd-obrach

- ag ullachadh raon de sheirbheis air-loidhne Foghlam Alba a tha a' toirt taic do sgoiltean a bhith a' dealbh curraicealam GME ceithir co-theacsa agus ionnsachadh airson GLE agus LAGC a tha na ùrlar a bhios a' ceangal làraichean-lìn chom-pàirtichean eile agus dleastanasan airson foghlam nam Planaichean Gàidhlig
- barrachd mìneachaidh agus taic do làn bhogaidh agus bogadh mar leantail eachd ionnsachaidh ann an GME
- sgrùdadh dè cho math 's a tha am foghlam farsaing coitcheann agus an ìre as sine a' tabhann chothroman do dhaoine òga airson a bhith a' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse ann an GLE, GME agus LAGC agus gan ullachadh airson teisteanasan agus duaisean san ìre as sine
- ag adhartachadh cleachdadh nan teicneòlasan didseatach gus ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig agus airson GLE agus LAGC a' dèanamh cinnteach mar a bhios Glow a' tighinn air adhart, gum bi làraichean air-loidhne ann far am bi daoine òga ag ionnsachadh, rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig
- a' togail raon de sheirbheis air-loidhne Foghlam Alba anns am bi sinn a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr bho sgrùdadh gus sgoiltean a bhrosnachadh gu bhith a' fèin-adhartachadh. Dèiligidh seo ri prìomh chùisean leithid meudachadh àireamhan agus eadar-ghluasadan, agus brosnachidh e sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim a bhith a' co-roinn a' chleachdadh as fheàrr leinn ann an GME, GLE agus LAGC tro na coimhearsnachdan ionnsachaidh proifeiseanta air-loidhne air Glow
- a' leantainn oirnn a' cleachdadh thachartasan mar Fèis Ionnsachaidh Alba agus cuiridhean bho chom-pàirtichean eile gu co-labhairtean gus adhartas ann am Foghlam Gàidhlig a stiùireadh
- leantainn air adhart a' leasachadh Modh-obrach 1 + 2 airson GLE, GME agus LAGC
- obrachadh le dearbhadh Nuadh Chànanan gus tuilleadh eisimpleirean a stèidheachadh a bhios a' luachadh agus a' sgrùdadh buaidh agus buannachdan Foghlam Gàidhlig airson Modh-obrach Cànan 1+2

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig).

Gnìomhan riatanach

Sgrùd agus atharraich na stòrasan a chaidh a thoirt seachad gus taic a thoirt do leasachaidhean san ìre as sine.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair còmhla ri Oifigear Stiùiridh Foghlaim ann an raointean curraicealaim eile.

Gnìomhan riatanach

Gabh a-steach fiosrachadh mu GME, GLE, LAGC agus dà-chànanas air seirbheis air-loidhne Foghlam Alba mar ùrlar a tha a' ceangal ri làraichean-lìn chom-pàirtichean eile. Gabhaidh seo a-steach, mar eisimpleir, Parentzone agus earrann Tràth-bhliadhnaichean.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le Prìomh Oifigear airson dol-an-sàs Phàrant agus Comann nam Pàrant.

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh feumail air seirbheis Gàidhlig air-loidhne Foghlam Alba a tha a' ceangal ri làraichean-lìn chom-pàirtichean eile.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le oifigearan ann an raointean eile.

Gnìomhan riatanach

Leantainn air adhart a' cur GME a-steach ann an aithisgean Foghlam Alba, a' gabhail a-steach Aithisgean Sgrùdadh a' Churraicealaim agus Sgrùdaidhean Foghlam Thidsearan.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlam (Gàidhlig) ag obair còmhla ri feadhainn eile thar na buidhne.

Gnìomhan riatanach

Ag obair còmhla ri sgiobaidhean eile agus sruthan obrach, a' toirt taic do leasachaidhean ann a bhith ag àrdachadh buileachaidh, Suirbhidh Alba air Litearras agus Àireamhachd airson GME agus Dùbhlàn Buileachaidh Alba.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le oifigearan airson measadh agus measarrachd agus Riaghaltas na h-Alba agus an SQA.

Gnìomhan riatanach

Thoir taic do leasachaidhean ann a bhith a' leasachadh an t-solair airson clann agus daoine òga a tha a' cur feum air taic len ionnsachadh GME.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig), Prìomh Oifigearan airson ASN agus am Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig.

Gnìomhan riatanach

Ag obair còmhla ri sgiobaidhean eile agus sruthan obrach, ullaich eadar-theangachaidhean de phrìomh stuthan ionnsachaidh airson GME 3-18 agus prìomh stuthan ionnsachaidh airson GLE agus LAGC.

Ceann-là Cuimsichte

Ann an a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim airson raointean curraicealam eile, a' gabhail a-steach Stòrlann.

Gnìomhan riatanach

Stèidhich structair ùr de bhòrd sgrùdaidh curraicealaim, a' gabhail a-steach luchd-ùidh, pàrantan, luchd-ionnsachaidh agus com-pàirtichean eile, agus gnìomhachasan a nì cinnteach gun lean an curraicealam air a bhith buntainneach agus comasach air builean luchd-ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd a lìbhrigeadh.

Ceann-là Cuimsichte

A rèir a' chlàir-ama airson raointean curraicealaim eile.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)

8.2 Amas Ro-innleachdail 2: Adhartaich ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas de dh'àrd-chàileachd am measg dhaoine a tha an sàs ann am foghlam

Buil air a mholadh

Tha cothrom aig daoine a tha an sàs ann am foghlam air ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas de dh'àrd-chàileachd.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach

Airson na ro-innleachd seo tha sinn a' toirt taic do sholair 3-18 ann an làn-shreath de raointean. Bidh sinn a' dèanamh seo tro thachartasan, cuairtean agus sgrùdaidhean a chur air dòigh. Tha na foillseachaidhean againn cuideachd air an dealbh gus taic a thoirt do ionnsachadh proifeiseanta.

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil an obair againn air Teagasg an Alba san Àm ri Teachd a' stiùireadh air adhart a' phrògram buileachaidh a chaidh aontachadh, a' gabhail a-steach tùs-thrèanadh thidsearan, ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd agus ceannardas foghlaim, a' gabhail a-steach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME). Gabhaidh seo a-steach coimhearsnachd ionnsachaidh proifeiseanta airson gach neach a tha an sàs agus/no aig a bheil ùidh ann an GME.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Buil air a mholadh

Tha cothrom aig daoine a tha an sàs ann am foghlam air ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas de dh'àrd-chàileachd.

Gnìomhan riatanach

Ag obair le ar com-pàirtichean gus ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd a thabhann tron leabharlann ionnsachaidh proifeiseanta nàiseanta air Glow a tha a' dèiligeadh ri prìomhachasan ionadail agus nàiseanta, agus a' cur an cèill a' chleachdadh as fheàrr.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le Comhairliche Ionnsachaidh Proifeiseanta.

Gnìomhan riatanach

Leantainn air adhart a' dèanamh thaisbeanaidhean, seiminearann agus bùithtean-obrach tro mheadhan na Gàidhlig agus mu Foghlam Gàidhlig aig Fèis Ionnsachaidh Alba agus a rèir chuiridhean gus a bhith an làthair aig co-labhairtean air an cur air dòigh le com-pàirtichean eile. Far am bi e comasach, leantainn air adhart a' clàradh thachartasan ionnsachaidh phroifeiseanta airson ionnsachadh proifeiseanta aig àm sam bith.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche, HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)

8.3 Amas Ro-innleachdail 3: Tog comas luchd-solair foghlaim a bhith a' sìor leasachadh an coileanaidh.

Buil air a mholadh

Luchd-solair foghlaim a tha a' comharrachadh gu bheil an coileanadh a' sìor leasachadh.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach

Tha a' bhuil seo ag amas air a bhith 'a' togail comas luchd-solair foghlaim a bhith a' sìor leasachadh an coileanaidh'. Tha fianais a' sealltainn gu bheil siostam an fhoghlaim ann an Alba 'math' ach le taic ar com-pàirtichean tha sinn airson 's gun ruig an siostam ìre 'sàr math'. Tha sinn airson siostam foghlaim a thogail agus taic a thoirt dha anns am bi dol an sàs làidir, coitcheann aig sgioba-obrach àrd-phroifeiseanta a' cruthachadh cearcall treibhdhireach de leasachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh aig teis-mheadhan a leithid de shiostam agus bidh e an urra ri sgioba-obrach de dh'àrd-chàileachd an obraich e. Airson seo, nì sinn cinnteach gum bi na modhan-obrach agus na h-innealan a dh'adhartaicheas sinn airson adhbharan fèin-luachaidh ann am Foghlam Gàidhlig gu dlùth a rèir co-theacsa airson na Gàidhlig. Tha sinn a' toirt taic do chothrom air cleachdadh èifeachdach, anailis agus dàta a chuireas ri

gnìomhan fèin-luachaidh agus a bheir seachad ionnsachadh proifeiseanta sònraichte gus an cuideachadh a bhith a' cleachdadh dàta gu h-èifeachdach gus coileanadh a leasachadh. Tha ar taic do fèin-luachadh a' cuideachadh obair an t-solaraiche fhèin ann a bhith a' furastachadh modh-cleachdaidh ùr-ghnàthach agus a' stiùireadh atharrachadh agus leasachadh. Tha e cuideachd a' cur ri comas an t-solaraiche a bhith a' dèanamh bhreithneachaidhean pongail agus dligeach air càileachd agus èifeachdas na h-obrach aca fhèin agus a' toirt cothrom air raon nas fharsaing de sgilean, eòlas agus fiosrachadh.

Far a bheil cultar leasachaidh ann a-cheana a tha air a dheagh stèidheachadh agus àrd-èifeachdach, tha luchd-cleachdaidh for-ghnìomhach ann a bhith a' coimhead a-mach airson bheachdan ùra a bhios a' toirt dùbhlàn dha na cleachdaidhean aca agus a bhios a' toirt taic dhan phròiseas leasachaidh leantainneach.

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil na modhan-obrach agus na h-innealan a dh'adhartaicheas sinn airson adhbharan fèin-luachaidh agus fèin-leasachaidh air an sgrùdadh gu riaghailteach agus air an ùrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi iad ion-amasach a thaobh Foghlam Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig le Prìomh Oifigearan ann am fèin-luachadh, suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, bun-sgoil, àrd-sgoil agus speisealta.

Gnìomhan riatanach

Cuir ri comas ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachasan planaidh coimhearsnachd an adhartachadh fhèin a stiùireadh a thaobh Foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' sgrùdadh mar a b' urrainnear a bhith a' cleachdadh Fèin-luachadh Teisteanach na b' fheàrr gus a bhith a' leasachadh Foghlam Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Sgioba Taic Lìonra, Prìomh Oifigear Ùghdarrasan Foghlaim ag obair le Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig.

Gnìomhan riatanach

Ullaich dreachan Gàidhlig de phrìomh sgrìobhainnean fèin-luachaidh gus a bhith a' brosnachadh conaltradh proifeiseanta tro mheadhan na Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig).

8.4 Amas Ro-innleachdail 4: Tabhann luachadh neo-eisimeileach de sholar foghlaim

Buil air a mholadh

Tha sinn ag amas air fianais laidir a bhith againn air Foghlam Gàidhlig bho sgrùdadh

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach

Tha an ro-innleachd seo ag amas air a bhith a' toirt luachadh neo-eisimeileach thar gach earrann de dh'fhoghlam mar phàirt de sgrùdadh agus lèirmheas. Anns a h-uile aon dhiubh sin, tha sinn a' toirt urram do dhreuchd na Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach le gu leòr ealantais an sàs sna gnìomhan luachaidh againn. Tha sinn an-còmhnaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil beachd luachaidh mun Ghàidhlig nar foillseachaidhean air fad a bhios a' tighinn bho na gnìomhan luachaidh againn.

Gnìomhan riatanach

A' leantainn oirnn a' dèanamh phrògraman sgrùdaidh neo-eisimeileach, lèirmheas agus dol an sàs leantainneach, co-chomhairle le sgoiltean agus gnìomhan luachaidh eile a bhios a rèir ar sgrùdaidhean is ar prionnsabalan lèirmheis is ar còd-obrach. Ann a bhith a' dèanamh seo, a bhith a' leantainn oirnn le HMI no AA le ealantas ann am Foghlam Gàidhlig a bhith an sàs anns gach sgrùdadh agus gnìomhan luachaidh eile den t-solar Meadhan Gàidhlig aig ìre ro-sgoile, sgoile, colaiste, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd agus, far an gabh e dèanamh airson solar Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh airson dol an sàs leantainneach, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear mothachail do neartan agus raointean leasachaidh an t-solair GME, agus gum bi HMI no AA le ealantas ann am Foghlam Gàidhlig a' leantainn orra a bhith an sàs ann.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche: sgrùdadh agus lèirmheas, colaistean agus ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd ag obair le Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig, tràth-bhliadhnaichean, bliadhnaichean sgoile, colaistean, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd, agus Prìomh Oifigearan Roinneil.

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil eòlas bho sgrùdadh, lèirmheas agus gnìomhan luachaidh eile air an cleachdadh airson adhbharan leasachaidh agus ri fhaotainn, mar a bhios iomchaidh, do luchd-solair agus luchd-gnìomh aig ìre ionadail.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil am pròiseas sgrùdaidh agus lèirmheas e fhèin na eadar-mheadhan èifeachdach a tha a' toirt taic do luachadh, leasachadh, ionnsachadh proifeiseanta agus togail comais airson Foghlam Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig agus Ro-innleachd Sgrùdaidh agus Lèirmheas ag obair le HM Luchd-sgrùdaidh agus Measadairean Luchd-sgrùdaidh air fad.

Gnìomhan riatanach

A' leantainn air adhart a' tabhann dreach Gàidhlig de litrichean agus aithisgean mu sgrùdadh air an t-solar Meadhan Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdan luachaidh mu Fhoghlam Gàidhlig a' nochdadh ann an litrichean mun sgrùdadh.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche: Sgrùdadh agus lèirmheas, Prìomh Oifigearan Roinne, Stiùiriche Luchd-sgrùdaidh ag obair le Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig.

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh às ùr ann an Notaichean Comhairleachadh Sgrùdaidh agus/no [‘Comhairle air Foghlam Gàidhlig’](#) a' stèidheachadh sùileachaidhean a thaobh Foghlam Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche: Sgrùdadh agus lèirmheas ag obair le Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig.

8.5 Amas Ro-innleachdail 5: Thoir buaidh air poileasaidh nàiseanta tro chomhairle stèidhichte air fianais

Buil air a mholadh

Cuir ri poileasaidh nàiseanta bho ar comhairle stèidhichte air fianais.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach

Tha an obair againn a thaobh Foghlam Gàidhlig a' dèiligeadh ris gach taobh de fhoghlam agus tha e air a stèidheachadh air fianais bho sgrùdadh. Bidh sinn a' cur nithean mòra is luachmhor ri conaltraidhean mu poileasaidh. Aig an àm a tha an làthair tha ar n-obair a' cur nithean cudromach ri ullachaidhean Bile an Fhoghlaim a tha ri teachd a dh'aithghearr. Bidh sinn cuideachd a' toirt taic air leth luachmhor do bhuidhnean Gàidhlig a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus do ro-innleachdan, mar eisimpleir a thaobh Foghlam airson Tidsèaran agus na Tràth-Bhliadhnaichean.

Gnìomhan riatanach

Dèan anailis agus co-chuir prìomh fhianais bho ar gnìomhan air fad a thaobh dol an sàs, leasachadh, sgrùdadh agus lèirmheas gus a bhith a' gintinn comhairle agus stiùireadh de dh'àrd-chàileachd, neo-phàirteach a thaobh leasachaidh, buileachaidh agus tuilleadh lèirmheas

a dhèanamh air poileasaidh nàiseanta ann am meadhan iomchaidh. Bidh iad sin air an ullachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig

Gnìomhan riatanach

Foillsich Comhairle airson Foghlam Gàidhlig agus stèidhich prògram leantainneach de thaic.

Ceann-là Cuimsichte

Gearran 2015 le taic leantainneach

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil sinn a' tabhann comhairle foghlaim proifeiseanta ann an deagh àm mu chùisean prìomhachais nàiseanta a thaobh Foghlam Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur ann an dòigh iomchaidh ri cuspairean a tha a' gearradh tarsainn air raointean poileasaidh.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig

Gnìomhan riatanach

Dol an sàs farsaing le com-pàirtichean agus luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil raon iomchaidh de bheachdan agus sheallaidhean air an gabhail a-steach nar comhairle, gu h-àraidh a thaobh pàrantan/luchd-cùraim na feadhainn a tha ann am Foghlam Gàidhlig.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

HMI Prìomh Neach-sgrùdaidh agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)

Gnìomhan riatanach

Leantainn air adhart a' toirt taic do bhuidhnean com-pàirteachais a tha air an dealbh gus cumadh a thoirt air poileasaidh nàiseanta. Aig an àm a tha an làthair tha iad sin a' gabhail a-steach Am Buidheann-stiùiridh Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig, Ro-innleachd Tràth-Bhliadhnach, Foghlam Thidsearan, agus Acadamaidh nan Cànan.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche, Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)

Gnìomhan riatanach

Dèan cinnteach gu bheil Foghlam Gàidhlig air a ghabhail a-steach ann am poileasaidh agus ro-innleachdan nàiseanta mar a bhios sin iomchaidh.

Ceann-là Cuimsichte

Anns a' bhad, bho cheann-là tòiseachaidh a' phlana seo airson gach gnìomh.

Prìomh Uallaichean

Iar-Stiùiriche, Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)

9. A' Ghàidhlig nar seirbheis lìbhrigidh

9.1 San stiùireadh reachdail mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh gur e aon de na prìomh thaobhan ann a bhith ag àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cruthachadh shuidheachaidhean airson an cleachdadh sa bheatha phoblaich. Tha Bòrd na Gàidhlig air ceithir bun-raointean de sheirbheis lìbhrigidh a chomharrachadh a tha na rùn a chleachdadh na buidhnean poblach an uair a bhios iad ag ullachadh am Planaichean Gàidhlig. Is iad sin:

Dearbh-aithne:	dearbh-aithne chorporra soidhnichean
Conaltradh:	fàilteachas telefon post agus post-dealain foirmean coinneamhan poblach modhan gearain
Foillseachaidhean:	dàimh poblach agus na meadhanan stuth clò-bhuailte làraichean-lìn taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	trèanadh ionnsachadh cànanain fastadh sanasachd

9.2 Tha Foghlam Alba ag aithneachadh gun urrainn do gach fear de na ceithir bun-obraichean corporra sin, pàirt chudromach a chluich ann a bhith ag àrdachadh ìomhaigh agus follaiseachd na Gàidhlig, agus a bhith a' cruthachadh chothroman phractaigeach airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha an earrann seo de ar Plana Gàidhlig a' cur an cèill dè an solar Gàidhlig a thèid a dhèanamh a rèir gach fear de na bun-obraichean. Thathar air cunntas a ghabhail de na riatanasan reachdail a tha ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus do Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' leasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha an Stiùireadh ag ràdh, sa choitcheannas, gur e an sùileachadh gum bi farsaingeachd a' Phlana Ghàidhlig nas motha agus gum bi ìre nan dleastanasan nas làidir ann an àiteachan far a bheil an àireamh sa cheud àrd no a tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig àrd. Tha Foghlam Alba ag obrachadh thairis air Alba air fad agus, mar sin, leanaidh sinn an aon ìre de sholar air feadh ar raon obrachaidh air fad.

Tha an earrann seo a' cur an cèill an ìre as ìsle de sholar Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a thabhann rè àm a' phlana. A thaobh nan gealltanasan air fad a leanas mu sheirbheisean agus stòrasan dà-chànanach, nochdaidh sinn spèis co-ionann airson na Gàidhlig agus na Beurla agus nì sinn tairgse ghnìomhach.

9.3 Dearbh-aithne

9.3.1 Feallsanachd

Is urrainn dha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus ann an soidhnichean ùghdarras phoblaich cur gu mòr ri follaiseachd a' chànanain, agus tha e a' toirt deagh chunntas air an luach agus an aithne a thathar a' toirt dhan Ghàidhlig. Is urrainn do leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean a bhith a' neartachadh briathrachas

luchd-labhairt na Gàidhlig agus a bhith a' cur ri leasachadh a' chànain. Tha Foghlam Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh mothachadh farsaing de chleachdadh na Gàidhlig agus a bhith ag adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach dhith.

9.3.2 Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Tha am Plana Gàidhlig aig Foghlam Alba a' tabhann poileasaidh a tha mar bhun-stèidh air cleachdadh na Gàidhlig nar dearbh-aithne chorporra. Tha ar suaicheantas agus ar geàrr-abairt rim faotainn san dà chànain. Tha an suaicheantas dà-chànanaich air a chleachdadh gu coitcheann ann an conaltradh, a' gabhail a-steach an làrach-lìn, taisbeanaidhean, foillseachaidhean, cinn-litrichean, bileagan dùrachd agus cairtean gnothachais. Tha ar cleachdadh cunbhalach den t-suaicheantas dà-chànanaich ag adhartachadh na Gàidhlig ann an co-theacsa nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Chan eil an geàrr-abairt air a chleachdadh ach ann an co-theacsaichean Gàidhlig. Tha cairtean gnothachais nan oifigear a tha an sàs sa Ghàidhlig ann an riochd dà-chànanaich. Bidh soidhnichean dà-chànanaich air taobh a-muigh agus aig dorsan a-muigh nan oifisean a bhios sinn a' co-roinn le Riaghaltas na h-Alba agus bidh soidhnichean fàilte aig ionadan fàilteachais.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
<p>9.3.3 Meudaich cleachdadh ar geàrr-abairt dà-chànanaich fo chumhachan 'spèis co-ionann'. Ann an cuid de chùisean, feumar seo a dhèanamh an lùib obair ath-bhrannaidh.</p> <p>Gabhaibh ath-obair sam bith air an t-suaicheantas againn san àm ri teachd a-steach prionnsabalan spèis co-ionann.</p>	<p>Sgioba Conaltraidh, Sgioba Air-loidhne agus Sgioba Corporra IT ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig).</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Ann an cuid de chùisean faodaidh an Ceann-là Cuimsichte a bhith anns a' bhad. Ann an cùisean eile, bidh e aig a' chiad chothrom.</p>
<p>9.3.4 Dèan cinnteach gu bheil eadar-theangachaidhean iomchaidh rim faotainn air an eadra-lìon agus air Glow gus am bi e comasach do fheadhainn a bhios airson tuilleadh Gàidhlig a chur rim pàipearan pearsanta sin a dhèanamh. Tha seo a thuilleadh air an fhiosrachadh dà-chànanaich a tha ri faotainn air ar pàipearachd air fad.</p>	<p>Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: A' leantainn</p>
<p>9.3.5 Teacsa ann am pàipearachd, me bidh cinn-litrichean dà-chànanaich agus nochdaidh iad spèis co-ionann.</p>	<p>Sgioba Conaltraidh ag obair còmhla ri Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: 2017</p>
<p>9.3.6 Bidh foirmean a bhithear a' cleachdadh gu bitheanta air an ullachadh sa Ghàidhlig, no thèid tiotalan Gàidhlig a chleachdadh mar a' chiad cheum, a' nochdadh spèis cho-ionann airson na Gàidhlig agus na Beurla air stèidh ùir no ath-nuadhachaidh.</p>	<p>Sgioba Conaltraidh ag obair còmhla ri Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: 2017</p>

9.4 Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh)

9.4.1 Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Tha a bhith a' cleachdadh suaicheantas Foghlam Alba air soidhnichean a' dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh aig a' Ghàidhlig. Tha a' mhòr-chuid de ar togalaichean a' taisbeanadh ar suaicheantais a-staigh agus a-muigh. A thaobh nan togalaichean a tha sinn a' co-roinn le Riaghaltas na h-Alba, cha bhi an suaicheantas againn ach air na soidhnichean a tha a-staigh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean air an taobh a-muigh. A thaobh nan oifisean a tha sinn a' co-roinn le Riaghaltas na h-Alba cha bhi an suaicheantas againn ach air na soidhnichean a tha a-staigh. Bidh soidhnichean dà-chànanach air taobh a-muigh agus aig dorsan a-muigh nan oifisean a bhios sinn a' co-roinn le Riaghaltas na h-Alba agus bidh soidhnichean fàilte aig ionadan fàilteachais.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
9.4.2 Leantainn air adhart a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig anns gach soidhne an uair a bhithear gan nuadhachadh, a' cuimseachadh sa chiad dol a-mach air soidhnichean le ìomhaigh àrd. Bidh fiosrachadh air soidhnichean ann an riochd dà-chànanach a' comharrachadh spèis cho-ionann airson na Gàidhlig agus na Beurla air stèidh ùir no ath-nuadhachaidh.	Sgioba Conaltraidh ag obair còmhla ri Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: 2017

9.5 Conaltradh

9.5.1 Feallsanachd

Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad choinneachadh a tha aig buill den phoball ri ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneach a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil a' cur fàilte air. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànain, tha e a' toirt chothroman airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu practaigeach. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh le buidhnean poblach tron phost, post-dealain agus air an telefòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a bhith a' cleachdadh a' chànain, agus ann a bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil a' cur fàilte air a bhith ga chleachdadh. Togaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de riochdan Gàidhlig, no dà-chànanach, cuideachd faicsinneachd agus cliù a' chànain. Faodaidh ullachadh riochdan Gàidhlig de fhoirmean, bileagan-iarrtais agus sgrìobhainnean dhen t-seòrsa sin, cuideachd taic a thoirt ann a bhith a' leudachadh an raoin de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh a' phobail aig a bheil a' Ghàidhlig air briathrachas dhen t-seòrsa sin. Tha Foghlam Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dòigh phractaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha e dealasach mu bhith a' meudachadh na h-ìre de sholair a tha e a' tairgse san raon seo.

9.5.2 Fàilteachas

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
9.5.3 Leantainn air adhart a' tabhann chothroman ionnsachaidh Gàidhlig agus chothroman trèanadh ann am mothachadh air Gàidhlig do luchd-obrach a tha fa chomhair an t-sluaigh, a' gabhail a-steach prìomh abairtean agus cleachdadh iomchaidh. Leanar air adhart a' cur fiosrachadh air an eadra-lìon a' comhairleachadh luchd-obrach mu chothroman a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.	Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad
9.5.4 Faodaidh luchd-fàilteachaidh brathan-fòn a thaobh na Gàidhlig no a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig a chleachdadh a chur air adhart gu neach-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig. Thèid a' Ghàidhlig a thairgse dhan phoball gu gnìomhach leis an t-seirbheis fòn fàilteachais.	Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig). Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad

9.6 Post agus post-dealain

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Bidh sinn ag amas air a bhith a' cur freagairt sa Ghàidhlig gu buill den phoball a sgrìobhas thugainn sa Ghàidhlig. Chaidh stòr-dàta a stèidheachadh de na daoine no na buidhnean a tha air a chomharrachadh gum b' fheàrr leotha fiosrachadh fhaighinn sa Ghàidhlig. Tha a' mhòr-chuid den luchd-obrach againn a' cleachdadh ainm ri post-dealain agus susbaint a tha dà-chànanach. Tha aithris-àichidh puist-dealain a tha dà-chànanach ann an Gàidhlig agus am Beurla air a chruthachadh gu fèin-obrachail.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean Ceann-là Cuimsichte
9.6.1 Misnich ar luchd-obrach a bhith a' cleachdadh ainmean dà-chànanach ri post-dealain. Bidh seo air fhisge a-steach nar gnìomhan a thaobh a bhith a' togail ìomhaigh na Gàidhlig agus trèanadh inntigidh luchd-obrach ùr.	Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad
9.6.2 Leasaich geàrr-abairt trì-chànanach a bhios a' dearbhadh taic Foghlam Alba do chànanan dualchasach na h-Alba air fad a' cleachdadh chumhachan spèis co-ionann airson an luchd-obrach air fad a chleachdadh.	Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) agus Co-òrdanaichean airson Albais agus Sgiobaidhean Conaltraidh agus IT Air-loidhne. Ceann-là Cuimsichte: Dùbhlachd 2016

9.7 Modhan Gearain

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Tha dreach Gàidhlig de ar modh gearain ri fhaotainn air an t-seirbheis air-loidhne againn. Leanaidh sinn oirnn ag innse gu bheil e ri fhaotainn.

9.8 Foillseachaidhean

Is urrainn do chleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth clò-bhuailte taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig agus follaiseachd a' chànain a mheudachadh. Tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig le a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean de dh'ìomhaigh àrd, agus is urrainn dha cuideachadh ann a bhith a' leasachadh briathrachas ùr. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh ann a bhith a' nochdadh dealas Foghlam Alba le bhith a' foillseachadh stuth tro mheadhan na Gàidhlig. Mar a bhios barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu Foghlam Alba tro ar seirbheisean air-loidhne, is urrainn a bhith a' dèanamh ullachadh ann an sin airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain. Tha Foghlam Alba dealasach mu bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin anns a bheil an t-susbaint a chùim ùidh a' phobail san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig. Airson tuilleadh fiosrachaidh faic 9.10.

9.9 Dàimh poblach agus meadhanan

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Bidh Foghlam Alba a' foillseachadh còrr air 800 fios-naidheachd gach bliadhna. Tha an fheadhainn a tha ceangailte ri cuspairean a tha gu sònraichte a' buntainn ris a' Ghàidhlig air an ullachadh ann an riochd dà-chànanach. Bidh neach-labhairt air a shònrachadh airson conaltradh ris na meadhanan sa Ghàidhlig.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
9.9.1 Bidh ìomhaigh nas àirde aig a' Ghàidhlig ann an iomairtean sanasachd agus margaidheachd Foghlam Alba. Bidh an suaicheantas dà-chànanach againn air a chleachdadh an-còmhnaidh. Bidh neach-labhairt a tha fileanta sa Ghàidhlig ri fhaotainn airson conaltradh ris na meadhanan Gàidhlig. Bidh taghadh de stuthan sanasachd de dh'àrd ìomhaigh air an ullachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, a' comharrachadh spèis co-ionann airson an dà chànan.	Goireasan Daonna, Sgioba Conaltraidh ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad
9.9.2 Leantainn air adhart ag ullachadh fiosan-naidheachd a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig ann an riochd dà-chànanach.	Sgioba Conaltraidh ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad
9.9.3 Leanaidh Foghlam Alba air a' cleachdadh <i>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</i> agus Ainmean-Àite na h-Alba.	Sgioba Foillseachaidhean ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad

9.10 Stuth clò-bhuailte, a' gabhail a-steach foillseachadh air-loidhne

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Tha Foghlam Alba a' cleachdadh modh-obrach dà-chànanach a thaobh a bhith a' foillseachadh litrichean sgrùdaidh agus aithisgean mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn a' cuimseachadh aig an àm a tha an làthair air a bhith a' toirt taic do theisteanasan ùra agus tha sinn a' sgrìobhadh stuthan agus ag eadar-theangachadh feadhainn eile. Tha foillseachaidhean mu Foghlam Gàidhlig cuideachd air an ullachadh ann an riochd dà-chànanach. A thuilleadh air sin, bidh Foghlam Alba a' sònrachadh prìomh sgrìobhainnean gus an ullachadh sa Ghàidhlig gus taic a thoirt do ar luchd-obrach, tidsearan agus luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig airson am bun-ghnothachais a bhith a' coileanadh bhuilean leasaichte do chlann agus dhaoine òga. Mar eisimpleir, tha an dreach Gàidhlig de **Dè cho math 's a tha an sgoil againn?** a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh cànan a tha co-cheangailte ri fèin-luachadh, cnuasachadh agus leasachadh.

Tha na modhan-obrach againn a thaobh mar a dh'fhaodas daoine fa leth eadar-theangachadh iarraidh de ar foillseachaidhean ann an cànanan a thuilleadh air Beurla cuideachd a' buntainn ris a' Ghàidhlig. Tha seo air a mhìneachadh nar foillseachaidhean air fad aig an àm a tha an làthair.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
<p>9.10.1 Meudaichidh sinn an àireamh de phrìomh sgrìobhainnean a tha air an ullachadh ann an riochd dà-chànanach. Comharraichidh foillseachaidhean Foghlam Alba spèis co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla an uair a bhios iad air an cruthachadh no air an ùrachadh agus aig a' chiad chothrom. Tha sinn a' cleachdadh nan slatan-tomhais a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none">• Cuspair mu foghlam Gàidhlig, no mun chànan is an cultar no dlùth-cheangailte ris a' Ghàidhlig.• Co-cheangailte ri cùis a tha cudromach gu nàiseanta anns a bheilear ag ainmeachadh na Gàidhlig no a tha ceangailte gu dìreach ris a' Ghàidhlig.• A tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig leis a' phroifeisean mar phàirt de ionnsachadh agus leasachadh proifeiseanta.• A tha a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig le luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh san t-solar Meadhan Gàidhlig a tha air a bhunaiteachadh air Prionnsabalan Bogaidhⁱ.	<p>Iar-Stiùiriche ag obair leis a' Phrìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad</p>

9.11 Seirbheisean air-loidhne

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Tha earrann a-cheana air seirbheisean air-loidhne Foghlam Alba mun Ghàidhlig, agus tha cuid dheth dà-chànanach. Tha cuideachd taghadh de dhuilleagan agus foillseachaidhean ann an earrannan eile de ar seirbheisean air-loidhne co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Mar eisimpleir, anns an earrann mu Sgrùdadh agus Lèirmheas gheibhear litrichean sgrùdaidh airson solar Foghlaim Gàidhlig. Tha na seirbheisean air-loidhne a' comharrachadh far a bheil foillseachadh ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig.

Prìomh raointean leasachaidh (A' toirt iomradh cuideachd air amasan a tha air an liostadh mar phàirt de bhuilean ro-innleachdail)	Prìomh Uallaichean
<p>9.11.1 Ath-sgrùd agus ùraich ar seirbheisean air-loidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam Gàidhlig air adhartachadh anns gach earrann de na seirbheisean air-loidhne mun Ghàidhlig, <i>An Stòras Gàidhlig</i>. Nì sinn ceanglaichean ri làraichean-lìn chom-pàirtichean mar a bhios iomchaidh.</p> <p>Mar a bhios sinn ag ùrachadh agus ag ath-sgrùdadh ar seirbheisean air-loidhne bidh sinn a' comharrachadh spèis co-ionann airson a' chànan.</p>	<p>Prìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) còmhla ris an Sgioba IT Air-loidhne.</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad</p>
<p>9.11.2 Ann an ath-sgrùdadh susbaint airson Glow, meudaich an raon de stòrasan airson GLE, GME, LAGC; leasaich earrann Foghlam Gàidhlig; agus adhartaich Foghlam Gàidhlig tro obair chom-pàirteachail Glow leithid Glow Meets agus Tbh.</p>	<p>Ceannard Glow ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad</p>

9.12 Co-labhairtean agus taisbeanaidhean

Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

9.12.1 Tha eachdraidh dhearbhaichte againn airson a bhith a' gabhail Foghlam Gàidhlig a-steach sa phrògram airson Fèis Ionnsachaidh Alba gus cothrom a thabhann stiùir ro-innleachdach a thoirt dhan Ghàidhlig. Tha seo a' tabhann cothrom air ar toraidhean is ar molaidhean bho sgrùdadh agus ar gnìomhan cruinneachadh fianais eile a cho-roinn. Bidh sinn cuideachd a' toirt cuireadh do sgoiltean dhan tug sinn aithne airson an obair de dh'àrd-chàileachd, an cleachdadh as fheàrr a cho-roinn, a' gabhail a-steach obair ar Measadairean Luchd-sgrùdaidh bho là gu là. Bidh sinn cuideachd a' neartachadh ar ceanglaichean le Ministearan agus luchd-dèanamh poileasaidh le bhith a' taisbeanadh còmhla aig Fèis Ionnsachaidh Alba. Bidh am Prìomh Oifigear agus an t-lar-Stiùiriche le uallach sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, le chèile a' dèanamh taisbeanadh aig co-labhairtean ar com-pàirtichean gus cur ri bhith a' togail comais airson Foghlam Gàidhlig. Aig co-labhairtean bidh sinn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh labhairteach agus sgrìobhte. Bithear

a' cumail suas mothachadh mun Ghàidhlig cuideachd aig co-labhairtean luchd-obrach Foghlam Alba.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
9.12.2 Leantainn air adhart a' cur air dòigh in-chur Gàidhlig aig Fèisean Ionnsachaidh Alba agus a' cur ri co-labhairtean chom-pàirtichean eile a rèir chuiridhean a gheibhear.	Prìomh Oifigear, Iar-Stiùiriche agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: A' leantainn
9.12.3 Leantainn air adhart a' tabhann gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta do luchd-obrach Foghlam Alba mu Fhoghlam Gàidhlig.	Prìomh Oifigear airson ionnsachadh proifeiseanta ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: A' leantainn
9.12.4 Bidh co-rèir de ar coinneamhan poblach air an cumail ann an riochd dà-chànanach le tairgse air a dhèanamh ro-làimh, a' toirt tìde gu leòr do luchd-frithealaidh freagairt.	Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) Ceann-là Cuimsichte: anns a' bhad

9.13 Luchd-obrach

Feallsanachd

9.13.1 Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach na sgilean obrach agus na sgilean cànan a dh'fheumas luchd-obrach a leasachadh. Tha solar ionnsachadh cànan agus mothachadh luchd-obrach air cànan a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh ionnsachadh cànan inbheach, agus ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Cuiridh sònrachadh obraichean anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach no ion-mhiannaichte gu mòr ri inbhe a' chànan, agus ann a bhith ga chomharrachadh mar sgil deimhinneach a bhith air fhaighinn. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' toirt aithne gum bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh bhuidhnean. Ge bith a bheil an comas Gàidhlig a bhruidhinn riatanach no ion-mhiannaichte, is e a tha cudromach gu bheil buidhnean a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig mar riatanas obrach dha-rìribh, agus a' gabhail ri agus a' cur an cèill slatan-tomhais neo-phàirteach gus dèanamh cinnteach gu bheil suidheachaidhean ann an dreuchd air an dèanamh air stèidh chothromach agus chunbhalach, a' soilleireachadh nan sgilean a chaidh a chomharrachadh airson na dreuchd.

Tha Foghlam Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' luachadh na Gàidhlig mar sgil chudromach a thaobh obair agus a' sònrachadh shuidheachaidhean anns a bheil a cleachdadh riatanach no ion-mhiannaichte. Tha Foghlam Alba cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e an cothrom a thoirt do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh far a bheil iad airson sin a dhèanamh.

9.13.2 Cleachdadh Foghlam Alba aig an àm a tha an làthair

Is e sgilean agus ealantas ar luchd-obrach ar prìomh stòras. Tha na daoine againn a' tarraing ri chèile measgachadh beairteach de dhreuchdan agus de chùl-raointean

eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach HM Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, speisealaichean leasachadh curraicealaim, oifigearan leasachaidh, speisealaichean seirbheisean corporra, luchd-anailis, agus eòlaichean ann an rannsachadh, fiosrachadh, conaltradh, teicneòlas agus raointean eile. Tha raointean-ùghdarras a tha a' gabhail a-steach uallach dìreach airson na Gàidhlig a' gabhail a-steach Iar- Stiùiriche, HMI Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig). Gus co-fhaireachdainn a bhrosnachadh do, agus tuigse air Gàidhlig, tha sinn ag amas air a bhith a' misneachadh ar luchd-obrach air fad a bhith taiceil dhan Ghàidhlig agus ann an cuid de chùisean, a bhith a' cleachdadh an raointean-ùghdarras gu bhith a' coileanadh builean deimhinneach airson Foghlam Gàidhlig. Tha ionnsachadh Gàidhlig air a bhith a' dol air adhart ann am Foghlam Alba. Tha dithis luchd-obrach againn a tha fileanta sa Ghàidhlig. Bidh sinn ag ullachadh shanasan ann an riochd dà-chànanach an uair a bhios ealantas ann am Foghlam Gàidhlig aig teis-mheadhan raon-ùghdarras na h-obrach.

Prìomh raointean leasachaidh	Prìomh Uallaichean
<p>9.13.3 Gus mothachadh air a' Ghàidhlig a thogail, thèid lethbhreac de Phlana Gàidhlig Foghlam Alba a thoirt don a h-uile co-obraiche ùr. Thèid am misneachadh cuideachd a bhith a' cleachdadh ainmean dà-chànanach air post-dealain.</p>	<p>Goireasan Daonna ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Anns a' bhad</p>
<p>9.13.4 Leantainn air adhart a bhith a' cur fios mu Foghlam Gàidhlig ann am prògram intrigidh cho-obraichean ùra gus am bi iad mothachail air an dòigh anns am faod iad cur ris a' Phlana Ghàidhlig.</p> <p>A thaobh HMI, bidh seo a' gabhail a-steach roghainn eòlas fhaighinn air no tadhal air sgoil aig a bheil solar Meadhan Gàidhlig.</p>	<p>Prìomh Oifigear airson ionnsachadh proifeiseanta ag obair leis a' Phrìomh Oifigear agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Anns a' bhad</p>
<p>9.13.5 Leantainn air adhart a bhith a' tabhann prògram de threànadh ann am mothachadh don Ghàidhlig airson gach prìomh neach a tha fa chomhair an t-sluaigh.</p>	<p>Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair le Manaidsearan Rianachd</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Anns a' bhad</p>
<p>9.13.6 Thoir cothroman do gach neach-obrach tro chùrsaichean Riaghaltas na h-Alba, Gàidhlig ionnsachadh agus a leasachadh cho math ri modhan-obrach eile. Bidh na cùrsaichean air am maoinneachadh le Riaghaltas na h-Alba agus a' gabhail àite aig àm obrach.</p>	<p>Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) ag obair leis a' Phrìomh Oifigear airson ionnsachadh proifeiseanta</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Anns a' bhad</p>
<p>9.13.7 Leantainn air adhart ag ùrachadh eadra-lìon HMI agus ar seirbheisean air-loidhne le fiosrachadh mu Foghlam Gàidhlig.</p>	<p>Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Anns a' bhad</p>

<p>9.13.8 Lìon a-steach suirbhidh sgilean cànanais gus dearbhadh</p> <p>i) mar a dh'fhaodar sgilean neach-obrach sa Ghàidhlig a thoirt air adhart mas e sin an rùn</p> <p>ii) gu bheil an fheadhainn a tha airson na Gàidhlig ionnsachadh a' faighinn a' chothruim.</p>	<p>Sgioba Conaltraidh ag obair le Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Dùbhlachd 2016 agus leantainneach an dèidh sin</p>
<p>9.13.9 Tabhann prògram inntrigidh agus taic do Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig)</p> <p>.</p>	<p>Iar-Stiùiriche agus Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig</p> <p>Ceann-là Cuimsichte: Lùnastal 2016</p>

10. Buileachadh agus sgrùdadh

10.1 Clàr-ama

Tha am Plana Gàidhlig seo air a bhith air ullachadh le Foghlam Alba stèidhichte air a' phlana a chaidh ullachadh ron seo le HM Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim. Bidh e a' dol an sàs gu foirmeil on cheann-là a thèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig agus fanaidh e an sàs airson còig bliadhna o cheann-là an dreach seo no gus an tèid plana ùr a chur na àite.

10.2 A' follaiseachadh a' Phlana Gàidhlig

Bidh Plana Gàidhlig Foghlam Alba air fhollaiseachadh ann an riochd dà-chànanach air ar seirbheisean air-loidhne. A bharrachd air sin, bidh sinn:

- a' dèanamh lethbhreacan dà-chànanach den phlana a bhios rim faotainn nar n-oifisean poblach/ionadan fàilteachais;
- a' toirt fios do ar luchd-obrach mun phlana tro thachartasan ionnsachaidh phroifeiseanta agus eadra-lìon Foghlam Alba;
- a' toirt fios do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile mar a chithear iomchaidh le Foghlam Alba;
- a' sgaoileadh lethbhreacan den phlana gu buidhnean aig a bheil ùidh ann;
- ag iarraidh air luchd-lìbhrigidh seirbheisean/bathar leantainn ri prionnsabalan a' phlana agus
- a' toirt lethbhreacan seachad ma thèid an iarraidh.

10.3 Ullachaidhean rianachd airson buileachaidh

Is e poileasaidh Foghlam Alba a tha sa phlana agus tha an Sgioba Gnìomh air aontachadh ris.

10.4 Uallach san Fharsaingeachd

Bidh e an urra ris a' Cheannard aig a' cheann thall a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam Alba a' libhrigeadh nan dleastanasan a tha air an cur an cèill sa phlana seo. Tha an t-uallach air a shon air a' Phrìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig agus an Iar-Stiùiriche.

10.5 A' Goireasachadh a' phlana

Tha Foghlam Alba an urra ri bhith ag ullachadh airson coinneachadh ri cosgaisean a Phlana Ghàidhlig le taic bho Bhòrd na Gàidhlig airson cuid de phròiseactan agus leasachadh ghoireasan.

10.6 A' Sgrùdadh Buileachaidh

Tha Foghlam Alba dealasach mu bhith a' cleachdadh na fhuaras a-mach bho sgrùdadh airson leasachaidhean a dhèanamh. Ann a bhith a' sgrùdadh buileachadh Plana Gàidhlig Foghlam Alba, cuimsichidh sinn air na raointean a leanas gu sònraichte:

- cur an sàs bun-dhleastanasan sònraichte
- na thathar a' dèanamh ann a bhith a' buileachadh a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig.

Bidh sgrùdadh a' phlana san fharsaingeachd an urra ri Iar-Stiùiriche, Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig agus Oifigear Stiùiridh Foghlaim (Gàidhlig) le taic bho Cheannard Stiùireadh Eòlais.

Bidh an Stiùiriche Ro-innleachdail airson Ro-innleachd, coileanadh agus stòrasan corporra a' dèanamh sgrùdadh air fastadh, coileanadh agus trèanadh luchd-obrach.

Bidh an Ceannard Conaltraidh a' sgrùdadh cleachdadh na Gàidhlig ann an tele-conaltradh, fàilteachadh, agus eadar-obrachadh eadar am pòball agus an luchd-obrach.

Bidh an Ceannard Conaltraidh a' sgrùdadh cleachdadh na Gàidhlig ann an aithisgean, geàrr-loidhnichean agus sgrìobhaidhean eile.

10.7 Lèirmheas

Cleachdaidh an t-Iar-Stiùiriche airson Bliadhnaichean-sgoile agus am Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig toraidhean an sgrùdaidh gus ath-sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air buileachadh. Bu chòir dha na h-ath-sgrùdaidhean sin a bhith air an dèanamh co-dhiù aon uair gach bliadhna. Ma dh'fheumar mar thoradh air ath-sgrùdadh atharrachaidhean mòra, air leth agus riatanach a dhèanamh air a' bhuileachadh a tha air a phlanadh, cuiridh Foghlam Alba an ath-sgrùdadh iomchaidh air adhart gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta.

10.8 Fios gu

Joan Esson HMI

Prìomh Oifigear airson Foghlam Gàidhlig

Taigh an Raon Rèidh, 28 Rathad an Raon Rèidh, Inbhir Nis IV1 1SF
Fòn làimhe: 07786661963 Fòn: 01463 253127 Facs: 01463 253075

Longman House, 28 Longman Road, Inverness IV1 1SF
Mobile: 07786661963 Tel: 01463 253127 Fax: 01463 253075

¹ Tha na Prionnsabalan Bogaidh air am mìneachadh ann am foillseachaidhean Foghlam Alba: [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#); Foghlam Gàidhlig: [A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean](#), Ògmhios 2011 agus [Goireas ionnsachaidh proifeiseanta: Measadh adhartas agus coileanadh ann an Gàidhlig](#), Faoilleach 2013.

Pàipear-taic: Fiosrachadh mun Ghàidhlig

Eòlas-sluaigh nàiseanta – Luchd-labhairt na Gàidhlig


Tha toraidhean Cunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gu bheil an crìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air a dhol nas maille bho 2001. B' e an àireamh sluaigh air fad a chaidh a chlàradh a bha comasach air a' Ghàidhlig a labhairt agus/no a leughadh agus/no a thuigsinn, 87,056. Dhiubh sin bha 58,000 (1.1% den t-sluagh) aois 3 agus nas sine ann an Alba comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Tha seo sìos beagan bho 59,000 (1.2% den t-sluagh) ann an cunntas-sluaigh 2011 a tha a' dèanamh coimeas fàbharach ri toraidhean a' Chunntas-sluaigh mu dheireadh a sheall lùghdachadh de 11% ann an luchd-labhairt.

Tha toraidhean Cunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gu bheil an co-rèir den t-sluagh aois 3 agus os a chionn ann an Alba a bha comasach air a' Ghàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn 1.7 sa cheud, (87,056) an coimeas ri 1.9 sa cheud (92,000) ann an 2001. Sa bhuidhinn seo, b' e an àireamh den t-sluagh a b' urrainn a' Ghàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn ann an 2011, 32,000, 0.6 sa cheud den t-sluagh aois 3 agus nas sine. B' e seo an t-aon cho-rèir 's a bha ann an cunntas 2001.

Ged a tha lùghdachaidhean sa cho-rèir de dhaoine a tha comasach a' Ghàidhlig a labhairt thar a' mhòr-chuid de dh'aoisean, tha meudachadh san àireamh den fheadhainn fo 20 bliadhna a dh'aois a tha comasach a' Ghàidhlig a labhairt. Uile gu lèir, bha meudachadh de 0.1 sa cheud ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig eadar 2001 agus 2011 airson nan aoisean 3-19. (Airson tuilleadh fiosrachaidh thoiribh sùil air a' ghraf a leanas).

Luchd-labhairt na Gàidhlig a rèir an aois ann an Alba, 2001 agus 2011

Ann an cunntas-sluaigh 2011, is iad na h-ùghdarrasan ionadail leis na h-àireamhan as motha de luchd-labhairt Gàidhlig, Comhairle nan Eileanan Siar (52%), Comhairle na Gàidhealtachd (5%) agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid (4%). Tha àireamh mhòr cuideachd de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann, sgìre Ghlaschu agus Inbhir Nis.



Eòlas-sluaigh nàiseanta – Foghlam Gàidhlig

Tha 16 ùghdarrasan ionadail ann an Alba far a bheil curraicealam nan sgoiltean a' gabhail a-steach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus/no Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh. Tha mu 5000 clann agus daoine òga an-dràsta a' faighinn buannachd bho Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san t-solar 3-18. Tha mu 10 000 clann agus daoine òga ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chiad chànan no mar dhàrna cànan a bharrachd mar phàirt de Mhodh-obrach 1+2 a thaobh a bhith ag ionnsachadh cànan no mar chòir den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Anns an dà chuid Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig tha cothroman aig daoine òga teisteanasan agus duaisean a dhèanamh san ìre as sine airson na Gàidhlig agus tron Ghàidhlig. Tha mu 20,000 clann, daoine òga agus inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig aig an àm a tha an làthair.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu luchd-labhairt na Gàidhlig, tadhail air [http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Gaelic%20 Education%20Data%202011-12.pdf](http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Gaelic%20Education%20Data%202011-12.pdf)



Airson tuilleadh fiosrachaidh gus taic a thoirt do libhrigeadh na Gàidhlig sa churraicealam, tadhail air <http://www.educationscotland.gov.uk/resources/a/advicegaeliceducation.asp?strReferringChannel=gaelic&strReferringPageID=tcm:12-616195-64&class=l1+d138246>
<http://www.educationscotland.gov.uk/>
http://gaidhlig.educationscotland.gov.uk/ImagesGaelic/GaelicEducationResourcesSummary2015_tcm12-869464.pdf
<http://learngaelic.net>
<http://www.cnaq.org/gd/ceanglaichean?limitstart= 0>

Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordanais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.


Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Foghlam Luchd-ionnsachaidh 2013-15 Gaelic Learner Education

- ⬠ Bun-sgoil le FLi 2013-14 Primary with GLE 2013-14
- Àrd-sgoil le FLi 2014-15 Secondary with GLE 2014-15

Comhairlean FLi

- Ùghdarras ionadail le FLi Local authority with GLE provision




Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Foghlam tron Ghàidhlig 2014-15 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME primary school
- Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with high school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Gnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

T +44 (0)131 244 4330

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk
